

--	--	--	--	--	--

(ET) (SR)

Comharan
Iomlan

--	--

1540/404TEISTEANAS
NÀISEANTA
2010DIHAOINE, 7 CÈITEAN
9.00 M – 10.00 MEACHDRAIDH
AN ÌRE CHOITCHEANN
Bun Ìre**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgriobhte gu h-iosal**

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha-breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oilleanach

--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tionndaidh **gu duilleig a trì** nuair a thèid iarraidh ort.

Mus fàg thu rùm nan deuchainnean thoir an leabhran seo don fhreiceadan. Mura dèan thu seo dh'fhaodadh tu na comharraidean airson a' phàipeir seo a chall air fad.

Na freagair ach dà choitheacsa:**aon** à Aonad I**agus****aon** à Aonad II.

[DUILLEAG BHÀN]

Freagair ceistean à Aonad I agus Aonad II.

Freagair na ceistean mu na coitheacsan a tha thu air a bhith ag ionnsachadh. Innsidh am freiceadan dhut dè an fheadhainn a tha sin.

Dèan AON choitheacsa à Aonad I agus AON choitheacsa à Aonad II.

Cuir diog ris na coitheacsan a tha thu a' dol a fhreagairt.

AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

Cuir diog ann an AON de na bogsaichean seo:

- Coitheacsa A: 1750an–1850anDuilleagan 4-10
NO
- Coitheacsa B: 1830an–1930anDuilleagan 11-16
NO
- Coitheacsa C: 1880an–An là an-diughDuilleagan 17-22

AONAD II—Co-obrachadh agus Còmhstri Eadar-nàiseanta

- Coitheacsa A: 1890an–1920anDuilleagan 24–31

Sgriobh do fhreagairtean anns na beàrnan air a' phàipear.

Tionndaidh chun a' Choitheacsa a thagh thu ann an Aonad I.

[Tionndaidh an duilleag

Comharran		ET	SR

**Cuimhnich AON Choitheacs a dhèanamh à Aonad I agus
AON Choitheacs a dhèanamh à Aonad II.**

**AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S
AM BREATAINN**

COITHEACSA A: 1750an-1850an

**Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad
fhèin a chleachdadadh cuideachd.**

Feuch ris a h-uile ceist sa Choitheacs seo a fhreagairt.

Tha Stòr A a' mineachadh carson a dh'fhàg mòran dhaoine
Gàidhealtachd na h-Alba ro 1850.

Stòr A

Mu dhà cheud bliadhna air ais, thòisich mòran uachdaran air
a' Ghàidhealtachd air croitsean a chur a-mach às na
taighean aca. Bha iad air na màil a chur suas cho mòr is
nach b' urrainn do na croitsean am pàigheadh. Air sàillibh
sin dh'fhàg mòran Alba. Bha na h-uachdarain seo ag iarraidh
an fhearrainn airson tuathan mòra a chur fo chaoraich.
Chaidh mòran dhachaighean a chur nan teine gus nach
biadh dhaoin a' tilleadh thuca.

1. Dè an fhianais a tha a' sealltainn gun robh na bha uachdarain air
a' Ghàidhealtachd a' dèanamh na adhbhar cudromach airson
mòran dhaoine a bhith a' fàgail Ghàidhealtachd na h-Alba ro
1850? Thoir **dà** phios fianais.

1: _____

2: _____

2

Comharran		ET	SR

Tha **Stòr B** ag innse mu chead-bhòtaidh an Alba ann an 1830.

Stòr B

B' e uacharain a bha sa chuid mhòir de na fir sa Phàrlamaid. Dh'fheumadh seilbh a bhith aig fir air fearann no togalaichean mus faodadh iad bhòtadh. Cha bhiodh a' taghadh nam Ball Pàrlamaid ach uachdarain bheairteach, tuathanaich agus fir-gnothaich. Bha 2 mhillean neach a' fuireach an Alba ach cha robh cead-bhòtaidh aig duine ach aig 4,289 de na fir.

2. Ciamar nach robh an siostam bhòtaidh ann an Alba cothromach ro 1832? Thoir **tri** adhbhair.

1: _____

2: _____

3: _____

3

[Tionndaidh an duilleag

Comharran		ET	SR

Tha **Stòr C** air a thogail bhon “*Old Statistical Account 1791*”.

Stòr C

Tha mòran chloinne a' cur seachad tuilleadh 's a chòir de uairean ag obair anns na muilnean cotain. Gu tric, bidh iad air an leòn le innealan. Nuair a bhios an obair a' dol air adhart bidh an èadhar làn de dhust a' chotain is bidh iad a' tarraing sin a-steach air an anail. Is cinnteach gur e sin is coireach gu bheil iad a' coimhead mi-fhallain.

3. Dè na dòighean anns an robh na muilnean cotain dona do shlàinte na cloinne a bha ag obair annta? Inns mu **dhà** dhòigh.

1: _____

2: _____

2

[Tionndaidh an duilleag gu Ceist 4 air *taobh-duilleig a h-ochd*

Ann an Ceistean 4, 5 agus 6 's e an cuspair rannsachaidh:

Traigheadas ann am bailtean na h-Alba eadar 1750 agus 1850.

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran, agus freagair na ceistean a leanas.

Tha **Stòr D** air a thogail bho Aithisg Pàrlamaid mu Shlàinte anns na Bailtean, a chaidh fhoillseachadh ann an 1840.

Source D

Anns na bailtean mòra chan eil Achd Togail anna airson dèanamh cinnteach gum bi togalaichean air an togail gu dòigheil. Cuideachd, tha na claisean-salchair is na drèanaichean ann an suidheachdad truagh. Tha feum air laghan a nì cinnteach gum bi ìre àraid de shlàinteachas is de chofhurtachd aig daoine. Ged a tha sin mar sin, tha fios againn gu bheil cuid de bhailtean ag iarraidh cùisean a dhèanamh nas fheàrr do dhaoine.

4. Carson a tha **Stòr D** feumail mar fhianais ann a bhith a' rannsachadh mu traigheadas ann am bailtean na h-Alba eadar 1750 agus 1850?

Beachdaich air dè **na dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

- A** Is e bun stòr a th' ann
- B** Is e stòr leasaichte a th' ann
- C** Tha e ag innse dhuinn gun robh feum air taigheadas nas fheàrr anns na bailtean
- D** Tha e ag innse dhuinn gun robh taigheadas anns na bailtean nas fheàrr na bha e
- E** Chaidh a sgrìobhadh airson moladh a dhèanamh air mar a bha taigheadas anns na bailtean air tighinn air adhart

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean.

2

Tha **Stòr E** ag innse mu na dòighean anns an deach taigheadas anns na bailtean a dhèanamh nas fheàrr anns na 1840an.

Stòr E

Dh'fheumadh an luchd-obrach anns na bailtean fuireach faisg air an àite-obrach aca. Bhiodh a' chuid mhòr de na taighean aca air an togail gu math agus, mar bu trice, b' ann leis na maighstirean aca a bhithheadh iad. Ann an 1840an bha bailtean a' tòiseachadh air dèanamh cinnteach gum biodh toidhleat anns a h-uile taigh ùr. Bhiodh uisge glan air a chur a-steach do na taighean ùra cuideachd.

5. Coimhead air **Stòran D** agus **E**. An uair sin lìon a-steach an clàr seo, a' cleachdadadh **ceithir** pìosan de fhianais uile-gu-lèir.

Dè tha Stòr D air <i>Duilleig a h-ochd</i> ag innse mu na rudan nach robh math mu thaigheadas anns na bailtean anns na 1840an?	Dè tha Stòr E air <i>Duilleig a naoi</i> ag innse mu bhith a' dèanamh taigheadas anns na bailtean nas fheàrr anns na 1840an?
<hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>	<hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>

4

[Tionndaidh an duilleag

<i>Comharran</i>	ET	SR
2		

6. Coimhead a-rithist air na freagairtean a sgrìobh thu airson Ceist 5.

A-nis sgriobh **dà** cho-dhùnadh a tha thu air tighinn thuige mu mar a chaidh taigheadas ann am bailtean na h-Alba a dhèanamh nas fheàrr eadar 1750 agus 1850.

1: _____

2: _____

[*CRÌOCH COITHEACSA IA*]

Tionndaidh a-nis chun an AON Choitheacsa a tha thu a' dol a fhreagairt ann an Aonad II.

Comharran	ET	SR
Cuimhnich AON Choitheacs a dhèanamh à Aonad I agus AON Choitheacs a Aonad II.		

AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

COITHEACSA B: 1830an–1930an

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadadh cuideachd.

Feuch ris a *h-uile* ceist sa Choitheacs seo a fhreagairt.

Tha **Stòr A** a' mìneachadh carson a chaidh mòran dhaoine à Alba gu ruige Ameireaga anns an naoidheamh linn deug.

Stòr A

Sheòl mòran Albannach gu ruige fearann ùr ann an Ameireaga. Bha earrann mhòr de na h-Albannaich a chaidh a-null an dòchas gum faigheadh iad fearann air prìs shaor airson tuathanais. Dh'fhàg mòran le gealltanais gum biodh obair chinnteach aca. Bha an tòr ann an California, agus an gealltanais gum fàsadh iad uile beairteach, a' tarraing mhìltean de Albannaich gu ruige Ameireaga.

1. Dè an fhianais a th' ann gun robh a bhith a' lorg dòigh-beatha na b' fheàrr na adhbhar cudromach airson toirt air mòran Alba fhàgail san naoidheamh linn deug. Thoir **dà** phìos fianais.

1: _____

2: _____

2

[Tionndaidh an duilleag

Comharran		ET	SR

Tha **Stòr B** ag innse mu chuid de na rudan nach robh math mun t-siostam bhòtaidh ann an 1914.

Stòr B

Cha b' e deamocrasaidh a bh' ann am Breatainn ann an 1914. Bha na Suffragettes ag ràdh gun robh an siostam bhòtaidh uabhasach mì-chothromach. Cha robh cead-bhòtaidh aig boireannaich idir. Airson cùisean a dhèanamh nas mì-chothromaiche fhathast is ann a bha dà bhòt aig cuid de na fireannaich a bu bheairtiche. Cha robh cead-bhòtaidh aig aon fhireannach a-mach às gach triùir. Dh'fhaodadh fireannaich a bhith nam Buill Phàrlamaid ach chan fhaodadh boireannaich.

2. Dè na dòighean anns an robh an siostam bhòtaidh ann am Breatainn ann an 1914 mì-chothromach? Thoir **trì** dòighean.

1: _____

2: _____

3: _____

3

Comharran		ET	SR

Tha **Stòr C** ag innse mu thubaistean ann am mèinn guail ann an 1842.

Stòr C

Bho chionn sia seachdainean chaidh balach a phrannadh gu bàs nuair a ruith cairt guail thairis air. Chaidh dithis fhireannach a mharbhadh nuair a thuit am mullach a-steach orra. Gu tric, bidh spreadhaidhean a' marbhadh agus a' lèon mhòran mhèinnearan. Tha e na chleachdadh an tiodhlacadh an ceann latha no dhà.

3. Dè bha cunnartach mu bhith ag obair ann am mèinn guail? Thoir **dà** eisimpleir.

1: _____

2: _____

2

[Tionndaidh an duilleag]

Ann an Ceistean 4, 5 agus 6 's e an cuspair rannsachaidh:

Traigheadas ann am bailtean na h-Alba eadar 1830 agus 1930.

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran, agus freagair na ceistean a leanas.

Tha **Stòr D** air a thogail bho Aithisg Riaghaltais a chaidh fhoillseachadh ann an 1868 mu thraigheadas ann an Dùn Èideann.

Stòr D

Tha mòran nach eil math mu thraigheadas ann an Dùn Èideann. Tha togalaichean a' cur thairis le daoine agus an cois sin tha am fiabhras dubh is galairean eile. Tha togalaichean làn radan is tha sin a' sgaoileadh ghalairean. Chan eil uisge no sinc ann an cuid de theanamaintean. Tha mòran rumannan gun leabaidh is mar sin bidh an teaghach a' cadal air connlaich.

4. Carson a tha **Stòr D** feumail mar fhianais ann a bhith a' rannsachadh mu thraigheadas ann am bailtean na h-Alba eadar 1830 agus 1930?

Beachdaich air dè **na dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

- A** Is e bun stòr a th' ann
- B** Is e stòr leasaichte a th' ann
- C** Tha e ag innse gun robh taigheadas uabhasach bochd aig cuid de dhaoine ann an Alba
- D** Tha e ag innse gun robh taigheadas uabhasach math aig cuid de dhaoine ann an Alba
- E** Chaidh seo a sgrìobhadh airson sealltainn gun robh an taigheadas aig na daoine a bu bhochda a' fàs nas fheàrr

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean.


2

Tha **Stòr E** mu dheidhinn mar a chaidh taigheadas anns na bailtean a dhèanamh nas fheàrr anns na 1920an.

Stòr E

Bha galairean pailt anns na seann slumaichean agus chaidh a' chuid bu mhiosa dhiubh a leagail. Chaidh sgeamaichean ùra de thaighean comhairle a thogail anns na 1920an. Bha na taighean sin nas mothais bha nas lugha de dhaoine a-nis ann an taighean a bha a' cur thairis le daoine. Ach cha deach gu leòr de na taighean sin a thogail. Bha na gàrraidhean a' toirt cothrom do mhòran a bhith a-muigh san èadhar ghlan is mar sin cha robh galairean cho pailt.

5. Seall air **Stòran D** agus **E**. An uair sin lìon a-steach an clàr seo, a' cleachdadadh **ceithir** pìosan de fhianais uile-gu-lèir.

<p>Dè tha Stòr D air <i>taobh Duilleig a ceithir deug</i> ag innse mu na rudan a bha dona mu thaigheadas anns na bailtean ann an 1868?</p> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>	<p>Dè tha Stòr E air <i>taobh Duilleig a còig deug</i> ag innse mu dheidhinn mar a dh'fhàs taigheadas anns na bailtean nas fheàrr anns na 1920an?</p> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>
4	

[Tionndaidh an duilleag

<i>Comharran</i>	ET	SR
2		

6. Coimhead a-rithist air na freagairtean a sgrìobh thu airson Ceist 5.

A-nis sgriobh **dà** cho-dhùnadh a tha thu air tighinn thuige mu dheidhinn mar a dh'fhàs taigheadas ann am bailtean na h-Alba nas fheàrr eadar 1830 agus 1930.

1: _____

2: _____

[*CRÌOCH COITHEACSA IB*]

Tionndaidh a-nis chun an AON Choitheacsa a tha thu a' dol a fhreagairt ann an Aonad II.

Comharran	ET	SR
Cuimhnich AON Choitheacs a dhèanamh à Aonad I agus AON Choitheacs a dhèanamh à Aonad II.		

Cuimhnich AON Choitheacs a dhèanamh à Aonad I agus AON Choitheacs a dhèanamh à Aonad II.

AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

COITHEACSA C: 1880an—An là an-diugh

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadadh cuideachd.

Feuch ris a h-uile ceist sa Choitheacs seo a fhreagairt.

Tha **Stòr A** a' mìneachadh carson a dh'fhàg mòran dhaoine Alba san fhicheadamh linn airson dachaigh a dhèanamh ann an dùthchannan eile.

Stòr A

Dh'fhàg mòran Albannach an dùthaich airson cothroman-obrach nas fheàrr thall thairis. Cha robh iad bochd dheth no ann an èiginn agus bha foghlam math aca. Bha iad a' lorg nan tuarastalan mòra a bh' air am pàigheadh ann an dùthchannan mar Chanada. Cuideachd, bhiodh na teaghlaichean aca beò ann an taigheadas nas fheàrr air falbh bho slumaichean Alba.

1. Dè an fhianais a th' ann gun robh a bhith a' lorg dòigh-beatha na b' fheàrr na adhbhar cudromach airson toirt air mòran Alba fhàgail san fhicheadamh linn. Thoir **dà** phìos fianais.

1: _____

2: _____

2

[Tionndaidh an duilleag

Comharran		ET	SR

Tha **Stòr B** ag innse mu chuid de na rudan nach robh math mun t-siostam bhòtaidh ann an 1914.

Stòr B

Cha b' e deamocrasaidh a bh' ann am Breatainn ann an 1914. Bha na Suffragettes ag ràdh gun robh an siostam bhòtaidh uabhasach mì-chothromach. Cha robh cead-bhòtaidh aig boireannaich idir. Airson cùisean a dhèanamh nas mì-chothromaiche fhathast is ann a bha dà bhòt aig cuid de na fireannaich a bu bheairtiche. Cha robh cead-bhòtaidh aig aon fhireannach a-mach às gach triùir. Dh'fhaodadh fireannaich a bhith nam Buill Phàrlamaid ach chan fhaodadh boireannaich.

2. Dè na dòighean anns an robh an siostam bhòtaidh ann am Breatainn ann an 1914 mì-chothromach? Thoir **tri** dòighean.

1: _____

2: _____

3: _____

3

Comharran	ET	SR

Tha **Stòr C** ag innse cò ris a bha cùisean coltach do bhoireannaich anns na h-àiteachan-obrach aca an dèidh a' Chiad Chogaidh Mhòir.

Stòr C

Chuidich an cogadh le atharrachadh a thoirt air saoghal-obrach nam boireannach. Bha mòran a-nis air chomas obraichean nas fheàrr fhaighinn, leithid nursadh. Bha oifisean air atharrachadh is bha barrachd bhoireannaich ag obair annta nan rùnairean. Bha am pàigheadh a bha boireannaich a' faighinn an-còmhnaidh nas lugha na pàigheadh nam fireannach. Ach, ged a bha, bha pàigheadh nam boireannach na b' fheàrr na bha e ron chogadh.

3. Dè na dòighean anns an do dh'fhàs cùisean na b' fheàrr ann an saoghal-obrach nam boireannach an dèidh a' Chiad Chogaidh Mhòir? Inns mu **dhà** dhòigh.

1: _____

2: _____

2

[Tionndaidh an duilleag]

Ann an Ceistean 4, 5 agus 6 's e an cuspair rannsachaidh:

Traigheadas ann am bailtean is ann am mòr-bhailtean na h-Alba eadar 1880 agus 1980.

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran, agus freagair na ceistean a leanas.

Tha **Stòr D** air a thogail bho agallamh le neach aig an robh taigh comhairle air mhàl anns na 1970an.

Stòr D

Bha mi cho toilichte ri rìgh nuair a fhuair mi mo thaigh comhairle ùr ann an Castlemilk. Bha am màl cus nas daoire na an seann flat. Ach bha ceithir rumannan-cadail ann. Bha mi dìreach air bhioran leis an annas. Cuideachd, bha rùm-ionnlaid ann. Abair goireas! Cha bhiodh guth tuilleadh air nighe ann an amar tiona air beulaibh an teine. Bha fiù 's gàrradh againn.

4. Carson a tha **Stòr D** feumail mar fhianais ann a bhith a' rannsachadh mu traigheadas ann am bailtean 's am mòr-bhailtean na h-Alba eadar 1880 agus 1980?

Beachdaich air dè **na dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

- A** Is e bun stòr a th' ann
- B** Is e stòr leasaichte a th' ann
- C** Tha e ag innse dhuinn gun robh an duine seo toilichte leis an taigh comhairle ùr
- D** Tha e ag innse dhuinn nach robh an duine seo toilichte leis an taigh comhairle ùr
- E** Chaidh seo a sgrìobhadh airson sealltainn nach robh taighean comhairle air fàs dad nas fheàrr

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean.

2

ET	SR

Tha **Stòr E** ag innse mu bhith a' fuireach ann an sgeama de thaighean comhairle anns na 1980an.

Stòr E

An toiseach, cha robh aon bhùth faisg air làimh. Dh'fheumadh tu a h-uile rud a bha a dhìth ort a thoirt às na bùithean am meadhan a' bhaile. Ach tha na daoine an seo cho math is nach iarrainn gluasad. 'S i a' chomhairle a tha a' dèanamh chùisean doirbh dhuinn. Chan èist iad ris na gearanan againn mu fhuarachd san rùm-cadail.

5. Coimhead air **Stòran D** agus **E**. An uair sin lìon a-steach an clàr seo, a' cleachdadhbh **ceithir** piòsan de fhianais uile-gu-lèir.

<p>Dè tha Stòr D air <i>Duilleig fichead</i> ag innse mu mar a dh'fhàs taighean comhairle nas fheàrr anns na 1970an?</p>	<p>Dè tha Stòr E air <i>Duilleig fichead</i> 's a h-aon ag innse mu rudan nach robh math mu thaighean comhairle anns na 1980an?</p>

<i>Comharran</i>	ET	SR
2		

6. Coimhead a-rithist air na freagairtean a sgrìobh thu airson Ceist 5.

A-nis sgriobh **dà** cho-dhùnadh a tha thu air tighinn thuige mu mar a dh'fhàs taighean comhairle nas fheàrr eadar 1880 agus 1980.

1: _____

2: _____

[*CRÌOCH COITHEACSA IC*]

Tionndaidh a-nis chun an AON Choitheacsa a tha thu a' dol a fhreagairt ann an Aonad II.

[Tionndaidh an duilleag gu Aonad IIA air *taobh-duilleig fichead* 's a
ceithir

Cuimhnich AON Choitheacs a dhèanamh à Aonad II agus AON Choitheacs a dhèanamh à Aonad I.

AONAD II—CO-OBRACHADH AGUS CÒMHSTRI EADAR-NÀISEANTA

COITHEACSA A: 1890an–1920an

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadh cuideachd.

Feuch ris a h-uile ceist sa Choitheacs seo a fhreagairt.

Tha **Stòr A** ag innse mu carson a bha dùthchannan a' cur an ainmean ri caidreachasan ro 1914.

Stòr A

Thòisich siostam nan caidreachasan leis gun robh an t-eagal air dùthchannan bho chèile. Airson iad fhèin a dhìon bhon Ruis, chuir a' Ghearmailt agus an Ostair an ainmean ri caidreachas. Greis às dèidh sin thàinig an Eadailt a-steach don Chaidreachas Thriobailte còmhla ris a' Ghearmailt 's an Ostair. Bha uallach air an Fhraing is air an Ruis mun Chaidreachas Thriobailte is chuir iadsan an ainmean ri caidreachas eile. Chaith Breatainn an uair sin a-steach don Entente Thriobailte còmhla ris an Fhraing 's an Ruis.

- Carson a bha dùthchannan a' cur an ainmean ri caidreachasan ro 1914? Thoir **trì** adhbhair.

1: _____

2: _____

3: _____

3

Comharran		ET	SR

Tha **Stòr B** ag innse mu shiostam nan caidreachasan san Roinn Eòrpa ann an 1914.

Stòr B

Chuir na Cumhachdan Mòra caidreachasan air chois eatarra fhèin oir gun robh an t-eagal orra bho dhùthchannan eile. Ann an 1914 bha an Roinn Eòrpa mar dhà champa armaichte. Bha a' Ghearmailt, an Ostair agus an Eadailt sa Chaidreachas Thriobailte. Bha an Fhraing, an Ruis agus Breatainn nam buill den Entente Thriobailte.

2. Tha **Stòr A** ag aontachadh ri **Stòr B** mu na caidreachasan. Inns **trì** dòighean anns a bheil iad ag aontachadh.

1. Tha **Stòr A** ag ràdh: _____

_____ agus tha **Stòr B** cuideachd ag ràdh: _____

2. Tha **Stòr A** ag ràdh: _____


_____ agus tha **Stòr B** cuideachd ag ràdh: _____

3. Tha **Stòr A** ag ràdh: _____

_____ agus tha **Stòr B** cuideachd ag ràdh: _____

Tha **Stòr C** a' sealltainn dealbh den Dreadnought Bhreatannach, HMS Barham. Chaidh an dealbh a thogail ann an 1912.

Stòr C



3. Carson a tha **Stòr C** feumail mar fhianais air cho cumhachdach 's a bha nèibhidh Bhreatainn ro 1914?

Beachdaich air dè **na dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

- A** Is e bun stòr a th' ann
- B** Is e stòr leasaichte a th' ann
- C** Cha robh eòlas mun Dreadnought aig an duine a thog an dealbh ach dìreach na leugh e mu deidhinn
- D** Tha e a' sealltainn cho làidir s' a bha bàta-cogaidh Breatannach
- E** Tha e a' sealltainn cho làidir s' a bha bàta-cogaidh Gearmailteach

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean.

2

Comharran		ET	SR

Ann an **Stòr D** tha Winston Churchill ag innse mu eacarsaich a rinn nèibhidh Bhreatainn ann an 1912.

Stòr D

As t-earrach, chruinnich sinn an nèibhidh chumhachdach againn. B' e sealladh mìorbhaileach a bh' ann, a' faicinn brataichean 150 bàta còmhla. Aon latha chaidh seòladh fada a-steach don cheò. An ath rud, nochd na bàtaichean-cogaidh is thòisich iad air losgadh le cumhachd smaoineachail. Sheòl iad nas luaithe 's nas luaithe gus an robh iad a' dèanamh astar a tha doirbh a chreidsinn – 20 míle mara.

4. Ciamar as urrainn dhut innse gun do shaoil Churchill mòran de na chunnaic e de nèibhidh Bhreatainn? Thoir **trì** piosan fianais.

1: _____

2: _____

3: _____

3

[Tionndaidh an duilleag]

Comharran		ET	SR

Ann an **Stòr E** tha Teàrlach MacIllÒig ag innse mu theaghłach aig àm a' Chiad Chogaidh Mhòir.

Stòr E

An dèidh a' Chiad Chogaidh Mhòir, dh'innis càirdean dhomh mu bhith a' fulang leis cho gann 's a bha biadh. Rinn na bàtaichean-aigeil aig a' Ghearmailt cinnteach gur ann mar sin a bhithheadh. Air sàillibh cho gann 's a bha biadh, bha mo theaghłach beò air brot air a dhèanamh le cnàmhan à bùth a' bhùidseir. Bha daoine, agus gu h-àraid clann, a' bàsachadh leis an acras.

5. Dè an fhianais a th' ann gun robh cho gann 's a bha biadh na dhuilgheadas cudromach aig àm a' Chiad Chogaidh Mhòir? Thoir **dà** phios fianais.

1: _____

2: _____

2

Comharran		ET	SR

Chaidh **Stòr F** a sgrìobhadh le David Lloyd George, Prìomhaire Bhreatann aig àm a' Chiad Chogaidh Mhòir.

Stòr F

Bha a' chuid a bu mhotha de dhaoine a' faighinn biadh gu leòr leis na raiseanan aca. Dh'fhàs daoine na b' fhallaine aig àm a' chogaidh is tha sin a' sealltainn gun robh na raiseanan a' toirt biadh gu leòr do dhaoine 's gan cumail bho bhith da-rìribh a' fulang. Ged a bha rudan gann aig amannan ann am Breatainn, cha robh sinn riamh ann an cunnart bàsachadh leis an acras.

6. Chan eil **Stòr E** agus **Stòr F** ag aontachadh mu dheidhinn na bha ri fhaighinn de bhiadh aig àm a' Chiad Chogaidh Mhòir. Inns **trì** dòighean anns nach eil iad ag aontachadh.

1. Tha **Stòr E** ag ràdh: _____

ach tha **Stòr F** ag ràdh: _____

2. Tha **Stòr E** ag ràdh: _____

ach tha **Stòr F** ag ràdh: _____

3. Tha **Stòr E** ag ràdh: _____

ach tha **Stòr F** ag ràdh: _____

Comharran	ET	SR

Tha **Stòr G** mu Chùmhnant Lìog nan Nàiseanan.

Stòr G

Bha Cùmhnant Lìog nan Nàiseanan a' mìneachadh nan rudan a bha an Lìog ag iarraidh a dhèanamh. B' e aon dhiubh sin gum biodh iad a' toirt misneachd do dhùthchannan a bhith a' co-obrachadh. Bha an Lìog cuideachd airson stad a chur air cogaidhean a bhith gan gairm. Rud eile a bha iad ag iarraidh is e gum biodh dùthchannan a' beagachadh nan armailtean aca.

7. Dè na rudan a bha Lìog nan Nàiseanan airson fhaicinn a' tachairt? Inns mu **dhà** dhiubh.

1: _____

2: _____

2

<i>Comharran</i>		ET	SR

Tha **Stòr H** air a thogail bho òraid a rinn an neach-labhairt Breatannach Arthur Balfour aig Lìog nan Nàiseanan ann an 1920.

Stòr H

Cha deach Lìog nan Nàiseanan idir a chur air chois airson dèiligeadh ri saoghal a tha troimh-a-chèile, no ri pàirt sam bith den t-saoghal a tha troimh-a-chèile. Faodaidh an Lìog a bhith na cuideachadh. Ach, chan eil an Lìog air chomas, agus cha bhi i air chomas, an saoghal gu lèir a chur ann an òrdugh.

8. Ciamar a tha **Stòr H** feumail mar fhianais air Lìog nan Nàiseanan?

Beachdaich air dè **na dhà** de na h-abairtean seo a tha ceart.

- A** Is e stòr leasaichte a th' ann
- B** Chaidh a ràdh le cuideigin aig an robh fios air mòran mu Lìog nan Nàiseanan
- C** Chaidh a ràdh le cuideigin aig nach robh fios air mòran mu Lìog nan Nàiseanan
- D** Chaidh a ràdh gus nach biodh daoine an dùil ri tuilleadh 's a chòir bhon Lìog
- E** Chaidh a ràdh gus gum biodh daoine an dùil gum biodh an Lìog air chomas a h-uile rud a bha ceàrr san t-saoghal a chur ceart

Sgrìobh an **dà** litir cheart sna bogsaichean.

2

[CRÒCH COITHEACSA IIA]

A-nis dèan cinnteach gun do rinn thu AON Choitheacsà à Aonad I agus AON Choitheacsà à Aonad II.

AIRSON FEUM OIFIGEIL

Cleacdaidh luchd-comarrachaidh na clàran seo.

Unit I		
	KU	ES
1		
2		
3		
4		
5		
6		
Total		

Unit II		
	KU	ES
1		
2		
3		
4		
5		
6		
7		
8		
Total		

ACKNOWLEDGEMENTS

Unit II Context A Source C—Photograph of HMS Barham (Ref FL 1472) is reproduced by permission Imperial War Museum.